



6. 2
H.M. 168.

July 1, 1951







**Lauriston Castle
LIBRARY ACCESSION**

LAOIDHEAN SPIORADAIL,

LE

DOMHNULL HENDRI.

A BH' ANN AN SANAIG, 'S AN EILEAN ARANNACH.

AN DARA CLO-BHUALADH.

GLASGOW:

PRINTED AND SOLD BY NEIL CAMPBELL,
GAELIC BOOKSELLER, 17 MALTA STREET.

MDCCCLVII.

GEARR-CHUNNTAS MU BHEATH' AN UGHDAIR.

RUGADH DOMHNALL HENDRI, mu 'n bhliadhna 1774, ann am baile beag ris an abrar "An t-Allt-gobhlach" aig cean-mù-thuath an Eilean Arannaich. Bha 'ghiùlan ann an làithean òige mar a tha 'leithidean an cumantas, eutrom agus amaid-each; ach eadhon ann am meadhon a ghòraich agus aingeachd bhuin an Tighearna gu gràsmhor ris, le a thoirt o dhorchadas gn solus, agus o chumhachd shàtain gu Dia. Bha'n t-atharrachadh a thainig air cho comharrachte's gu'n robh e soilleir do gach aon a bha eolach air gu'n robh e nis na dhuinc nuadhl. Cha luaithe thainig atharrachadh slàinteil air fein na thòisich e air comhairleachadh a cho-pheacaichibh gu teicheadh o'n fhéirg a ta ri teachd, agus greim a dheanadh air an dòchas a tha air a thraigse dhoibh anns an t-soisgeul. Mu choig bliadhna an deigh dha bhi air iompachadh thòisich e air cur Laoidhean Spioradail ri cheile; agus mar so a fàs ann an gràs, agus ag ath-cheannach na h-aimsir, bhuanaich e a' saoithreachadh ann an obair an Tighearna. An deigh e fein a chleachdadadh air a mhodh so ré àireamh do bhliadhnanachan chaith a chur a mach na fhearteagaing ann an coicheangal ris na h-*Independents*, agus ann san dreuchd so dh' fhuirich e gus a bhliadhna 1831, nuair a chaith e mach do Chanada air iarrtas àireamh mhòr d'a luchd-dùthicha. Ann an Canada shaoithrich e gu d'ileas agus gu treibhdhireach gus an do chriochnaich e thuras anns an t-saoghal so, anns an Carrach 1847, an deigh trioblaid throm anns a cholinn, a ghiùlain e gu foighid-neach, b'e toil an Tighearn a ghairm as an t-saoghal so. Cha robh a bhean beò ach dluth do dhà bliadhna na dheigh. Cha robh duine cloinne aca.

Bha "An Soisgeul," agus "Amaideachd na h-Oige," air an clo-bhualadh o cheann dà bhliadhna, ach o cheann ghoirid fhuair an clo-bhuailtear a mach gu'n deach na bheil air chuimhne d'a Laoidhean (ceithear an àireamh) a chur a mach an Canada, agus uaithe sin fhuair e aon de na leabhraichean o'n d' thug e na Laoidhean a leanas a tha nis air an ceartachadh air iarrtas chàirdean aig an robh iad sgrìobhte.

Glascho, Ceud Mhìos an Earraich, 1857.

LAOIDHEAN SPIORADAIL.

ROIMHRADH DO 'N NAIGHEACHD EIBHINN.

CHUALA' mi do cheòl mu'n naigheachd éibhinn,
'S le mòran sòlais rinn mi éisdeachd,
An gabh thu rann no dhà uam féin ris,
A nochdadh féum na h-iobairt-réite.

Air dhomhl bhi 'g iomachd an so gu h-uaigneach
A's droch smuaintean ga mo bhuaireadh,
Och, 's an tha m' innitinn air a gluasad,
Gu beachd air Adhamh na staid neo-thruaillidh.

Bi sud an staid a bha làn do shòlas,
Bha laithreachd Dhé ann, bha làn do ghlòir ann,
Bha aoibhneas ionlan air gach dòigh ann,
A's cha robh àite air bith aig bròn ann.

Ach, ged a b' àrd i bu ghearr an uine,
Gun fhios do Adhamh bha nàmhaid dlù dha,
Ghabh e fàth air a's e gun chùram,
'S le seòltachd nàmhaid mheall e 'n crùn deth.

Oir thàinig Sàtan, an nathair lùbach,
'S a chridhe làn do naimhdeas dùbailt,
Rinn guth ri Adhamh a's mheall e 'shuilean,
A chum na craoibhe 's a meas ga lùbadh.

'S thuirt e riu le ceilg bhreugach, [dhuibh,
"Tha meas na craoibhe so maith chum feum
Ma gheibh sibh pàirt dheth ni e mar dhée sibh,
'S bidh agaibh eolas air maith 's air euceart."

Ged bha 'm meas ud darìreadh àlluinn,
 Cha b' i'ghoinne a rug air Adhamh,
 Bha 'n t-ullmhach' saibhir a rinn an t-Ard-righ,
 Gu leoir mu 'n cuairt air gu mhiann a shàsach'.

Ge bochd an tràs' na tha ri leughadh,
 Gu 'n d' rinn am buaireadh ud an teumadh,
 Ghabh a's dh' ith iad dheth le chéile,
 'S dh' fhàg sud gun àite a'm phàras Dé iad.

B'e sud an gniomh 'bha na pheacadh uamharr',
 Bha dìmeas mòr air Ard-righ nan sluagh ann,
 'S le aithne naomh-san a chur an suaraich'
 Tha nis am bàs air faotainn buaidh orr'.

Seall an tràs' air se 'n cuspair truais e,
 Tha Dia a ghràidh dha na aobhar uamhais,
 A thrusgan àlluinn air a thoirt uaithe,
 'S e toirt lamh air an duilleach fhuaigheal.

Seall a nis air 's e fàgail phàrais,
 'S e làn do gheilt a's do dh' eagal tràilleil,
 Fo chraobh na beatha, cha 'n fhaigh e fàrdach,
 Ach 's éigin teicheadh a mach o 'n ghàradh.

Tha uis an sliochd a ghineadh uacha,
 Nen luchd compairt d'an nàdur truaillich, [air
 'S mar dhearbhadh làidir gu bràch do 'n t-sluagh
 Nach fhaic sibh Abel's a bhrà'ir ga bhualadh.

Tha an euail so 'nis air sgaoileadh,
 Na luibhre bhàsmhor air feadh an t-saoghal,
 Gus an do thruaill i an cinne-dàonna;
 A's cha 'n 'eil Iudhach no Cinneach saor dhi.

Cha 'n 'eil olc a bha riamh 's an t-saoghal,
 Mort no marbhadh a bha measg dhaoine,

Iodhal-aoraidh no cràbhadh saoibhe,
Nach e 'm peacadh a's mathair-aobhair.

Chaidh an seann saoghal a sgrios le dìle,
Loisgeadh Sòdom le teine mhillteach, [là,
Chaidh sluagh na h-Eipheit a bhàthadh a dh' aon
'Se 'm peacadh gràineil is freumh do 'n iomlan.

'Se dh' fhàg gun sòlas ga chur an céill mi,
An roinn ro-shaibhir a fhuair mi féin dheth,
'Se thug do m' shùilean bhi sileadh dhéuran,
'Sa dh' fhàg mi 'giùlan cridhe réubte.

Is beag an t-ioghnadh mi bhi fo éislein,
'S gu 'r nàmhaid mhòr mo chridhe féin dhomh,
An inntinn fheolmhor 's an leaghan béucach,
An aghaidh m' anama a' cur le chéile.

Tha 'n lagh naomh a th' againn sgriobhte,
'S na deich àitheanta' gu bràch g' ar dìeadh,
Cha toir e tròcair a choidhch', no sìth dhuinn,
'S cha nochd e fàbhar do dhaoine dìte.

Dh' fhàg am peacadh sinn cho iosal,
Ri neach fo fhiachan gun chomas diolaidh,
'S mar faigh sinn eolas no slàint' o Iosa,
Ni 'n lagh ar dìeadh do 'n t-slochd is isle.

Sibhs' a lean mi gu gàradh Eidein,
A chluinntin sgeoil is cuis bhròin do cheudan,
An teid sibh an tràs' leam thun an t-sléibhe,
A dh' fhaicinn Slànuighear ga chéusadh.

Ach molladh sìorrui' do 'n Ti 'chaidh chéusadh,
Nach d' fhàg aig Sinai sinn 'n ar n-éigin,
Ach le fhuil phriseil a rinn an réite,
'S mar sin d'a thrìd-san tha sìth ga h-éigheach.

AN SOISGEUL.

THA 'n soisgeul gu ro-ghràsmhor,
 'S na làithean so dol mu 'n cuairt,
 Toirt cuireadh na slàinte,
 Do 'n àireamh is meas' de 'n t-sluagh;
 Cha 'n 'eil e 'g iarraidh diolaidh,
 No ìobairtean fhaotain uainn,
 Ach umhlachd 'thoirt a'm firinn
 Do Chriosd o chridhe nuadb.

O eisdibh-se le cùram,
 'S le suim ris na tha e 'g ràdh,
 Oir tha e 'cur an céill duinn
 Gu 'n d' thàinig Ceannard ar slàint,
 G'un d' ghabh e cnaimh d ar enàmhan
 A's feòil mar a th' againn féin,
 'S gu 'n d' thug e uaith a rìs iad
 Mar ìobairt do cheartas Dé.

Chuir sgàil air a ghlòir
 A's 'na thròcair thainig 'n ar feum,
 A shàoradh luchd-dò-bheairt
 Le 'n gòraich a reic iad féin,
 A chruinneachadh na 'n caorach
 Bh' air faontra is fad o 'n treud,
 Gu 'n tional g'a chrò
 Chum an seòladh le guth a bhéil.

'S beag a bh' ann ga fhàilteach'
 'N uair thàinig e steach do 'n t-saogh'l,
 Ach Simeon a's Anna
 Fhuair earlais d'a shlàinte shàor,

Thainig iad 'na chòmhail
 Le seòladh a spioraid féin,
 A's labhair iad mar fhàidhean
 Ga fhàilteach' 'an teampull Dé.

Nach faic sibh Righ na 'n rìghrean
 Gu h-ìosal air glùn na mnà,
 An taice ris a chìch
 A casg iota mar ni sliochd Adhaimh ;
 An Ti 'chruthaich na saoghal
 'S na nèamhan le 'n uile ghlòir,
 A fulang bhi air isleach'
 Mar chìochran air bheagan treoir.

'N uair dh' éirich e gu làithean
 Bha gràs a' dealradh 'na ghnuis,
 Shruth feartan na slàinte
 Gu saibhir o 'uile ghniomh,
 Bha cumhachd a dhiadhachd
 A' dealradh a mach gu mòr,
 Anns gach uile mhiorbhUIL
 Riamh a rinn e 's an fheòil.

Ach fhubhais cha 'n àirmhear
 Gu bràch leis na tha fo 'n ghréin,
 Na dh' fhuiling e 's a ghàradh
 'S ga thairneachadh ri crann-céus',
 Gach masladh agus tàir
 O a namhaidean 'bha sgaiteach géur,
 A's corraich an Ard-righ,
 A ghiùlain e 'n àit' a thréud.

Dhealbhadh leis an Trianaid
 O shìorruidheachd, innleachd slàint',
 'S tha i nis air criochnach'
 Le iobairt ro-chruaidh a bhàis,

Gach mallachd a bha dualach
 D'a shluagh-san air feadh gach ré,
 Ghiùlain e's an uair sin
 'S thug buaidh air a chranna-chéus'.

Rinn e ullmhachadh 'na bhàs dhuinn
 'Tha saibhir do ghràsan saor,
 Tha beatha do na mairbh ann
 'S tha braighdean 'g an cur fa sgaoil,
 Tha solas do na daoill ann
 A's aoibhneas do luchd a bhròin,
 'S tha beatha agus sìth
 Ann am firinnean glan a bhedil.

Aig suipeir Mhic an Rìgh
 Tha gach ni 'tha sinne 'na fheum,
 Gheibhear raogha fìon ann
 Tha 'n fhìrinn a cur an ceil ;
 Tha sud a's aran beò ann
 Ni 'n deòraidh 'na dhuine treun,
 'S tha bainne do 'n chloinn ann
 'Tha caoimhneil airson am feum.

Tha leigheas do gach creuchd ann
 'S gach euail 'g an deanadh slàn,
 Tha deise de 'n aodach
 Nach caochail 's nach caith gu bràch,
 'S ni feartan fuil a chumhnaint
 A's ungadh spiorad na 'n gràs
 An t-anam ni's sgiamhaich'
 Na ghrian 'n uair is gloinne dears'.

O ! sibhse a bhlaic d'a ghràsan
 'S le 'n àill a bhi beò da 'n réir,
 Teichibh o gach ni
 'Th' air a dhìteadh a'm focal Dé,

Teichibh o 'ur n-umhlachd,
 'Ur dùrachd a's 'ur deadh-bhéus,
 Dh' ionnsuidh fuil a chumhnaint
 A dh' ionnlaideas o gach béud.

O! fanaibh dlùth do 'n t-Slànuighear
 'S na fàilnichibh ann 'ur cuairt,
 Ge d' robh tuiltean buairidh
 'G 'ur cuartachadh iomadh uair,
 Crioslaichibh 'ur n-inntinn
 Le fìrinn a's bheir sibh buaidh,
 A' sealltuinn ris an Iobairt
 'Thug dioladh airson an t-sluaigh.

Cha 'n e so 'ur còmhnuidh
 'S cha shòlas dhuibh 'bhi 's an t-saogh'l,
 Cha 'n 'eil ann ach fàsach
 'S tha naimhdean ann air gach taobh,
 'S ma leanas sibh ri Iosa
 Gu dìlis gun dol a thaoibh,
 'S cinnteach sibh á dìmeas
 A's mì-run o dhaoin' an t-saogh'l.

Tha sonas anns an t-saogh'l
 Aig na daoin' air 'm bheil eagal Dé,
 Tha 'n coimhseas fein an sìth riu
 'S tha 'n dìdean 's an Iobairt-réit'.
 'S ma thogas iad mar dh' àithneadh
 Gach là orra an crann-céusd',
 Gheibh iad cliù o'n Ard-rìgh
 A's àit' ann an oighreachd Dhé

O! beachdaichaibh a chàirdean
 Air gràdh iongantach mhic Dhé,
 Th' ar leam nach fada siorr'achd
 G'a inns' anns an t-saoghal chéin,

Seinnear sud le milltean
 Mu thiomchioll a chathrach féin,
 “Dhasan ’rinn dhinn rìghrean
 ’S a dh’ ionnlaid sinn ’na fhuil féin.”

AMAIDEACHD NA H-OIGE.

CHUM smuaintean cruaidh o m’ chadal mi,
 ’S neo shòlasach ri ’n aithris iad,
 Bhi ’cuimhneachadh air m’ amaideachd,
 A chleachd mi ’n làithean m’ òig’.

Bhi cuimhneachadh, &c.

Glan mharbh am peac’ ’s an éuceartan,
 Gun suim do lagh Mhic Dhé agam,
 No eridhe nuadh ’thoirt géille dha,
 Ach gluasad ’réir na feòl’.

Mar asail fhia’ich gun cheannsachadh,
 ’S ann għluais mi fein gu ceann-laidir,
 Gun suim, O! Rìgh, do t’ aitheantaibh,
 Ach naimhdeas ’n aghaidh do għlòir.

Le eridhe iargalt, ana-meineach,
 ’S e ’għnàth eo làn do chealgaireachd ;
 ’S le ’mheud ’s bha dh’ ole ’s do dh’ aing’achd
 Cha ’n aithnichinn e air chòir. [ann

Le aigne làn de ’n tàlamh so,
 ’S an inntinn air a dalladh leis ;
 ’S ann ’chaidh mo cheum air seacharan,
 ’S mi aineolach do m’ dheoin.

An inntinn fheòlmhor atmhor ud,
 Le naimhdeas na seann nathrach innt,

'S an leoghan lùbach carach ud,
 'Chuir mi cho fad' o'n chòir.

Bha sùgradh boath co milis leam,
 'S bha eutromachd co eridheal leam,
 'S na h-òrain dhiomhain, sgriosail sin
 Bhios tric mu bhòrd an òil.

Bha 'n t-Sàbaid naomh na h-eallach leam,
 Ged's nàrach dhomh r'a àithris e—
 Bu chianail leam 'dol seachad i,
 'S bu mhaith leam i air falbh.

Ge b' aingidh truagh a chleachduinn ud,
 Bu tearc iad riamh 'thug rabhadh dhomh,
 Ri fichead bliadhna' a's thairis air,
 An cleachduinnean na feòl'.

A Dhé 's e 'n t-ioghnadh t' fhoighidinn,
 'S do thròcair nach d' thug thairis mi,
 Do bhuillibh géur do cheartais,
 A thaobh m' aing'eachd 'bhi co mòr.



O n' deònaich thu dhomh faireachduinn,
 'S gu'n d' dhùisg thu o m' throm-chadal mi,
 O deònaich gràs a'm pailteas 'chum,
 'S nach fàilnicheadh mo threòir.

O sgeadaich mi le t' Fhìreantachd,
 A's naomhaich trìd na fìrinn mi,
 Gus an gabh thu 'steach le d' dhìllsean mi
 Do t' ionnsuidh 'n rioghachd na glòir.

O deònaich spiorad ùrnuigh dhomh,
 'S biodh t' fhocal 'na riaghait stiùraidh dhomh,
 'S gu gràsmhor dean-sa m' ùrachadh
 Gach tràth le uisge beò.

Tha buaireanan co-lionmhor ann,
 Tha 'n saogha'l 's an fheòil ga m' dhian-ruag-
 'S tha 'n nàmhaid leagail liontan ann [adh,
 Gu diomhair air mo thòir.

Ach thus' a sgoilt gu mìorbhùileach
 An Fhairge Ruadh roimh Israeil,
 Air sgàth do leinibh Iosa
 Dean mo dhion gu crìoch mo ròid.

A's cum-sa dlùth ri t' Fhocal mi,
 'S do ghàirdean sìorruidh 'n taice rium,
 'S biodh Spiorad Naomh do gheallaидh
 A' toirt neart dhomh 'réir mo lò.

Tha fiosrachadh gach lath' agam
 Le claonadh 'measg luchd-aideachaidh
 A' glaodh'ch gu h-àrd, "Bi faireachail,
 Tha nàmhaid air do thòir."

Tha mòran 'shaoil mi 'rachadh leam
 Trìd saor-ghràs chum na'm flaitheanas
 Air tionndadh 'nunn gu h-eallamh 'uam,
 'Chum cleachdainnean na feòl'.

Tha aobhar 'bhi fo amharus
 Nach gràs a dhùisg an aiteam ud,
 'S nach d'òl iad riamh le taitineas
 Gu pailt' de'n uisge bheò.

Rinn cùram greim car tamul orr',
 Le 'n coimhseas 'bhi toirt rabhadh dhoibh ;
 'S mar fhàs an fhearainn chlachaich,
 'S ann a chròn iad grad air falbh.

O fuilgibh dhomh-sa labhairt ruibh,
 Gu cinnt' tha deigh aig m' anam air

Gu 'm pill sibh 'rìs le h-aithreachas,
 'S nach caill sibh rioghachd na glòir.

O ciod an tràs' chuir miothlachd oirbh ?
 An d' fhuaras coire an Iosa leibh ?
 'S e 's maisich' 'measg dheich mìltean,
 'S a rioghachd tha làn do ghlòir

Tha aitheantan naomh a's eutrom,
 Tha beath' a's slàint' gun traoghadh annt' ;
 Tha gràdh, a's sìth, a's aoibhneas aig
 An dream a għluais 's a' chòir.

O nach truagh a' mhalaирt
 Bhi cur cùl ri Ios' 's r'a bheannachdan—
 Ri gràsan o na flaitheanais,
 'S ri naomhachd agus glòir.

Ach o n' raoghaich sibh 'na àite sin,
 Trom mhallaирd Dhé bhi ghnàth oirbh,
 A's fhearg bhi 'gabail tàmh oirbh,
 A'm priosan truagh a' bhròin.

Nach seall sibh féin air thoisearch oirbh,
 'S an fhùrneis faicibh fosgailte,
 A's sluagh gun àireamh 'losgadh innt'
 Gun fhois 's an teine bheò.

'S gu cinnt' 's e sud 'ur peanas-sa,
 Mar pill sibh ris le h-aithreachas,
 'S e Dia e féin a labhair e,
 'S cha 'n ath'raichead e ni's mò.

Nach cluinn sibh tha 'n ur dùsgadh mi,
 Nach truagh leibh iad 's an cùl-'aobh ruibh,
 An nàmhaid 'nà fhear-stiùraidh orr'
 'G an iomain dh' ionnsuidh bròin.

'S nach b' iomachaidh dhuibhs' a chleachdainn
 A bh' aig Stephen 'n uair a chlachadh e,
 Bhi 'g ùrnuigh ris an Athair
 Dh' fheuch an tig iad fathast beò.

Ach thus' a ghairm gu h-éifeachdach
 Manaseh 'n righ o reubaltachd,
 A's Pòl o chuing na h-euceart
 Gu bhi eudmhòr mu do ghlòdir.

O seall an deigh na h-aiteam ud
 Air sgàth do ghràsan cathranach;
 A's deònaich féin dhoibh aithreachas
 Mar rinn thu do'n mhac strògh'l

'S bidh gàirdeachas air flaitheanas
 Air pilltinn doibh le h-aithreachas,
 'S a measg do shluagh air thalamh so
 Bidh luath-ghàir agus ceòl.

AN T-IASGAIR.

THA m' inntinn tric fo smuairean,
 'S mi seòladh 'measg nan cuantan,
 A's àit' a dhol air uaigneas
 Cha d' fhuaras dhomh ann ;
 Ach daoine 'ghnà ri m' aodan,
 Ri diomhanas 's ri faoineis ;
 'S tha m' inntinn-se cho eutrom,
 'S gu 'n aom i mi gun taing.
 Cha 'n e so an t-iasgach
 'Tha m' inntinn-se ag iarraidh,
 'S cha shàsaich e mo mhiann
 Ged a dh' fhàsadadh e ni b' fhearr :

B 'anns' bhi 'g iasgach dhaoine
 Air iarrtas an Fhir-shaoraidh
 Measg chinneachan an t-saoghail
 Tha 'claonadh chum bàis.

'S na 'm bithinn-se air m' fhuasgladh
 Mar bu mhiann leam aig an uair so,
 Cha bhithinn dol mu 'n cuairt

Anns na cuantan gun tàmh ;
 Ach rachainn feedh na Gaeltachd
 Le teachdaireachd na slàinte,
 A labhairt ris na cnàmhan

Tha 'n tàmh anns gach gleann :
 'S ged bhithinn cur le deuraibh,
 Feadh mhulaichean a's shleibhtean,
 Bhiodh dòchas gu 'n éireadh e,

'Na dheigh sin an àird ;
 'S gu 'm faicte toradh àluinn
 A sheasadh là na dèuchainn,
 'S a dh' aidicheadh an Slànuighear
 Gu bràth mar a chlann.

Cha 'n onair a's cha mhòrchuis,
 'S cha shaibhreas tha mi 'n tòir air,
 Ach anamaibh a thoirt beò

Tha gun eòlas air slàint' :
 'S an inntinnean a threòrach',
 Le teagasgan na còrach,
 'Thoirt unhlachd mar a sheòl e
 Gu deònach da àithnt'.

Ged tha mi bochd a's suarach,
 A's anmhuiinneachd ga m'chuartach',
 'S e 'n cumhachd thig a nuas
 M' aobhar uaill anns gach càs—

An Ti rinn Pòl cho feumail
 Le teachdaireachd na réite,
 'Se 'chumhachd an ni ceudna
 'Ni feum dhomh 's gach àit'.

Bheireadh sud do m' chridhe leònta
 Gu mòr an tuille sòlais
 No ionnhas na Roinn-Eòrpa,
 Ged 's mòr e aig càch ;
 Gu 'n deanadh Righ na glòire
 Mo shlighe-se a' threòrach'
 Gu bhi feumail do na slàigh
 Tha gun eòlas air slàint:
 Cha 'n àicheidh mi gu gu bràth
 Nach eil an toil a lathair
 Ach dòigh sam bith gu dheanadh
 An tràs' cha 'n 'eil ann ;
 Ma chithear maith do 'n Ard-righ
 Thig meadhonan a lathair,
 A's fàgaidh mis' am bàta
 'S na liontan le taing.

CHUIR BEAN A MIINISTIR 'IC AOIH 'AN ARAIN, NA RANN-AN A LEANAS ANN A' LITIR A DH' IONNSUIDH DUOMHNUILL HENDRI, 'NUAIR A CHUAL' I GU'N ROBH E AIR A CHUR A MACH A SHEARMONACIADH AN T-SOISGEIL.

Mo bheannachd chum an iasgair a nis o n' thuair thu t' iarrtas
 Thoir t' aghaidh air an Iar a tha cianail a's fàs;
 Gach àit' am faic thu daoine bi 'g innse mu 'n Fhear-shaoraidh
 'S bheir eòlas air a ghaol-san dhoibh saorsa o 'n bhàs.
 Air leam gu'r misneach àrd dhuit an turas bhi cho àghmhòr,
 'S an gealladh riaghachd nach d' thàilnich do Abr'am 's da chloin
 'Bhi cur an t-sìl a's fearr 'measg eileanan na Gaeltachd,
 'S thig frasan o na h-Àrdaibh bheir fàs dha 'na àm.



